

Nach eigin duit mo sgrios gu brath,
 Mur aicheun thu do cheartas geur
 Le m' chionnta oillteil, 's gann a' dh' fhaig
 Mi iochd, no gras a' d' raoghain fein.

Gach uile mhallachd nta sgrìobht
 Ann d' fhocal fìor le bagradh teann,
 O Thighearn thoill mi air do laimh,
 Gum biodh iad carnuicht air mo cheann.

Ge d' fhas na neamha dubh le grnaim,
 'S mo bhual' le tairnainich do neart;
 Ge d' thilg thu mi gu ifrinn shìos,
 Gu sìorruidh aid'icheam do cheart,

Gidheadh am feud an lasair threun
 A sgoilteas as a' cheil an tuil;
 Drudhadh orm trois umhlachd Chrìosd,
 'S mi gabhail dìon a steach fuidh fhuil?

An fhuil a dhiol do cheartas teann,
 'S a dhoirteadh air a chrànn gu larr;
 'S ann aisd' tha m' carbsa, O mo Rìgh!
 Nach dìte manam air a sga.

Dean m' ionnlad glan, O Dhia na sìth!
 'S an tobar iochhlaint bhrùchd a thaobh;
 A bheir dhomh beatha as a' bhàs,
 'S o m' thraillealachd a ni mi saor.